



ALBA | CHRUTHACHAIL

---

# Cruthaich lon-ghabhaile

**Maoin a chuidicheas gus am bi barrachd  
iomadachd am measg muinntir nan ealain  
is gnìomhachasan cruthachail ann an Alba.**

**STIÙIREADH MAOIN**  
**Cuairt 3: 2021/22**

---

## Dè a tha ann am Maoin Cruthaich Ion-ghabail - Cunntas

'S e maoin gus cuideachadh airson is gum bi barrachd iomadachd am measg muinntir nan ealain is gnìomhachasan cruthachail ann an Alba.

Tha e fosgailte do dhaoine fa leth, comainn is buidhnean.

Bheir e taic de gnìomhan a chuidicheas le daoine is buidhnean gus:

- an leasaich iad fhèin is an obair chruthachail
- an comas a thoirt air adhart
- cothroman proifeiseanta no cruthachail a ghabail nach biodh iad cinnteach às.

Tha maoin ann uile gu lèir de £350,000 san stòras.

Tha sinn ag amas air taic a chur ri suas gu: 20 pròiseact.

'S e an ceann-là son tagraighean: **meadhan-là 16mh den Ghearran 2022**.

Cha bu chòir dhan ghniomh agaibh a gheibh taic tachairt ro: An Ògmhios 2022.

---

## Carson a tha am Maoin Cruthaich Ion-ghabail ann?

Furasta - 's e maoin gus cuideachadh airson is gum bi barrachd iomadachd am measg muinntir nan ealain is gnìomhachasan cruthachail.

Chomharraich aithisgean Alba Chruthachail 'lomadachd a Thugse sna h-Ealdhain' agus 'Tha lomadachd Cudromach' grunn chnapan-starra toinnte a thaobh ruigsinneachd, adhartas agus riochdachadh anns na gnìomhachasan ealain, sgrìon agus cruthachail.

Sheall na h-aithisgean sin nach eil cùisean cothromach a thaobh tighinn air adhart ann an obair is dreuchd. Tha cùisean gu h-àraid duilich dha boireannaich, feadhainn le uallach càram cloinne, daoine ciorramach agus feadhainn à cinnidhean dubha no meanbh-sluagh. Nochd dìth cheanglaichean, structaran sòisealta agus lionraidhean cuideachd gu mòr mar chnap-starra, le mòran ag innse cho cudromach 's a tha lionraidhean neo-fhoirmeil gus obair no aithne fhaotainn.

Sheall Mion-sgrùdadh Co-ionannachd ar prògram 2018-21 de Bhuidhnean Maoinichte gu Cunbalach (RFO) nach d'fhuaire uiread de bhuidhnean Co-ionannachd, lomadachd agus Ion-ghabail taic tron phrògram RFO agus gu robh lùghdachadh ann a thaobh fòcas air prògraman Co-ionannachd, lomadachd agus Ion-ghabail. A thuilleadh air an sin, cha tàinig a' chòrr a thagraidhean ùra bho bhuidhnean Co-ionannachd, lomadachd agus Ion-ghabail.

Tha am prògram seo a' cur roimhe a dhol an sàs sna draghan ainmichte sin agus iomadachd am measg muinntir nan ealain is gnìomhachasan cruthachail ann an Alba a mheudachadh.

'S ann a tha Co-ionannachd, iomadachd agus ion-ghabhail mu chothromachd, còir air cultar is suidheachadh ullachadh gus am bi farsaingeachd cho mòr is a ghabhas de ealain is tionnsgalachd:

- 'S ann a tha Cothromachd mu chur às do bhacadh
- 'S ann a tha iomadachd mu taic is follaiseachd a thoirt do chulturan eadar-dhealaichte, gus an cluinnear diofar ghuthan.
- 'S ann a tha Ion-ghabhail mu dheidhinn cothroman a chruthachadh gus am bithear ag obair, a' gabhail pàirt ann agus a' fiosrachadh ealain is cruthachas air feadh na dùthcha.

Saoilidh sinn gu bheil co-ionannachd, iomadachd agus ion-ghabhail bunaiteach do na gnìomhachasan ealain, sgròn is cruthachail ma tha iad gu bhith gan gleidheil, gan ùrachadh agus nas beòthail, agus fior chomas nan sgilean cruthachail a shaoradh ge b' oil le cò às a tha daoine.

Tha Achd na Co-ionannachd 2010 a' nochdadhsaoi feartan a tha gan dìon, is iad: aois, ciorramachd, atharrachadh gnè, pòsadh is com-pàirteachadh siobhalta, torrachas is màthaireachd, cinneadh, creideamh no feallsanachd, gnè, aidmheil cleamhnais.

---

## Cò air a ghabhas an t-airgead a chleachdad?

Thatas ag iarraidh taic a thoirt do farsaingeachd gnìomhan a chuidicheas le tagraichean iad fhèin, an cleachdad cruthachail is proifeiseanta, is an comas a thoirt air adhart no an cuideachadh a dhol an sàs gnothaichean ùra mi-chinnteach gu cruthachail is gu proifeiseanta.

Cha do dh'ainmich sinne na gnìomhan sònraichte a bhios an lùib pròiseict oir thatas ag iarraidh gun innis tagraichean dè seòrsa taic a tha iad a' sireadh.

Faodaidh seo a bhith diofraichte, oir, faodar - mar eisimpleir - daoine is buidhnean obair ann an diofar shuidheachaidhean; eachdraidh obrach eadar-dhealaichte a bhith aca; coinneachadh ri diofar bhacadh dan cuid leasachaidd no cothroman sònraichte a chomharrachadh gus an amas no sealladh a choileanadh.

Faodaidh, mar eisimpleir, ur pròiseact ur cuideachadh obrachadh le luchd-taic ùra no ann an suidheachadh ùr. A-rithist, faodar a bhith ag obair air pìos ealain ùr a tha ann mar-thà a dh'fhaodadh nochdadhsaoi ro shluagh eile no an cur gu feum ann an suidheachadh ùr.

Thigibh don làraich-lìn againn gus am faicear cuid de na pròiseictean a fhuair taic mar-thà.

Cuairt 1: [www.creativescotland.com/what-we-do/latest-news/archive/2019/05/create-inclusion](http://www.creativescotland.com/what-we-do/latest-news/archive/2019/05/create-inclusion)

Cuairt 2: [www.creativescotland.com/what-we-do/latest-news/archive/2020/07/create-inclusion](http://www.creativescotland.com/what-we-do/latest-news/archive/2020/07/create-inclusion)

# Cò air nach gabh an t-airgead a chleachdad?

Tha an taic-airgid seo ann gus taic a chur ri beachdan ùra freagarrach a chuidicheas iadsan a tha gam bacadh, gus am faigh iad an taic a bharrachd a tha a dhìth orra. Le sin, cha bhite a' sùileachadh gun toireadh an stòras taic do:

- Gniomhan nach buin do na h-ealain no gniomhachasan cruthachail.
- Maoineachadh do ghnothaichean film/sgrìon/telebhisean. Bu chòir feedhainn le pròiseactan le daoine no buidhnean lem priomh meadhan ann an film tadhail air làrach Sgrin Alba ([www.screen.scot](http://www.screen.scot)) gus am faighear tuilleadh fiosrachaidh mu chothroman maoineachaidh).
- Gniomhan a tha an dùil töiseachadh mus cluinnear an co-dhùnad. Thoiribh sùil air an Earrainn Chlàr-Ama (taobh-duilleig 9) son an ceann-là a chluinnear bhuainn.
- Cosgaisean-ruith buidhne leantainneil.
- Cosgaisean töiseachaidh gniomhachais.
- Cha ghabhar ri tagraighean son uidheamachd a-mhàin. Faodaidh uidheamachd a bhidh mar phàirt den tagradh. Faodaidh uidheamachd a bhith a' gabhail a-steach nithean a tha a dhìth gus obair air a' ghniomh a gheibh am maoin agus a chleachdar san ùine fhada às dèidh crìoch a' ghniomha mhaoinichte. Faodaidh uidheamachd a chleachdad mar-thà a bhith an lùib tagraighe a-mhàin mura bi i ri fhaotainn ùr tuilleadh, no ma tha an uidheamachd ann an staid 'ùr' no le barrantas.
- Cha toirear taic do phròiseactan togail leithid ùrachaidh no leasachaidh.
- Pròiseactan a tha a' faighinn taic mar-thà bho phrògram eile le Alba Chruthachail no Sgrin Alba.

Mura h-eileas cinnteach am biodh sibh fhèin no ur pròiseact freagarrach don stòras, thathas làn di-beathte fios a chur thugainn. Nithear seo le fios a chur air an t-Seirbheis Fiosrachaidh againn (taobh-duilleig 10).

## Cò dh'fhaodas tagradh?

Tha an stòras fosgailte do luchd-cruthachaidh fa leth, buidhnean, comainn is lionraidhean anns na h-ealain is gniomhachasan cruthachail.

Tha am maoin seo ann gus am bi barrachd iomadachd am measg muinntir nan ealain is gniomhachasan cruthachail, agus cuirear fàilte chridheil air feadhainn a chomharraicheas iad fhèin le aon no barrachd de na feartan a tha gan dòn fo Aichd na Co-ionannachd 2010, no bho bhuidhnean is comainn a tha gan stiùireadh le luchd-meanbh-slòigh no a tha ag obair còmhla ri no às leth cuid le aon no barrachd de na feartan a tha gan dòn.

Feumaidh gach tagraiche a bhith stèidhichte ann an Alba agus feumaidh an obair a bhith gu buannachd cuid a tha a' fuireach is ag obair ann an Alba.

Faodaidh cuid a rinn tagraighean ron seo tagradh eile a chur a-steach ma thathas ag iarraidh.

## Cò nach fhaod tagradh?

Mura h-eileas cinnteach am faodar tagradh, gabhaidh fios a chur thugainn ron tagradh (faicibh taobh-duilleig 10 son fiosrachadh conaltraidh).

- Buidhnean le Maoineachadh Cunbalach bho Alba Chruthachail
- Companaidhean Nàiseanta
- Ùghdarrasan Ionadail
- Urrasan Culturail is Cur-Seachad
- Buidhnean Foghlaim
- Buidhnean Poblach eile
- Urrasan agus Stòrasan
- Oileanaich is feadhainn ann am foghlam làn-thìde
- Companaidhean marsanta no a tha ri sgaoileadh phrobhaid
- Daoine no buidhnean le priomh obair air film no sgrìon. Bu chòir feadhainn le pròiseactan le daoine no buidhnean lem priomh meadhan ann an film, tadhail air làrach Sgrìn Alba ([www.screen.scot](http://www.screen.scot)) gus am faighear tuilleadh fiosrachaidh mu chothroman maoineachaideh).

---

## Dè nas urrainn dhomh cur a dh'iarraidh?

Chan eil riaghailtean ann a thaobh dè cho beag no cho mòr 's a a dh'faodas tagradh a bhith, agus thathas a' sùileachadh airgead a thoirt seachad a rèir ire nan tagradh.

Tha dùil againn taic a chur ri eadar 12 is 20 tagradh, a rèir ire iarrtais, agus uile gu lèir tha £350,000 aig an stòras sa chuairt seo.

Bha mòran iarrtais son nan cuairtean a bha ann gu ruige seo. Bha 164 anns a' chiad chuairt agus iad an tòir air £2.8 muillean dhan cuid phròiseactan. Bha 122 anns an dàrna cuairt agus iad an tòir air £1.9 muillean dhan cuid phròiseactan.

Tha an stòras seo a' faighinn taic bhon Chrannchur Nàiseanta tro Alba Chruthachail. Ma tha càil agaibh an aghaidh maoineachadh fhaighinn bhon leithid seo - mar eisimpleir chan eil cuid de thagraichean airson airgead fhaighinn bho gheamaichean geall airgid - feuch an innis sibh dhuinn agus ma thathas soirbheachail gabhaidh am maoineachadh fhaighinn à stòrasan eile.

---

## Dè na slatan-tomhais a thathas a' cleachdad son tagraighean?

Measar tagraighean a rèir na leanas:

1. Cho làidir is a tha bun a' phròiseict.
- 2 Cho làidir is a tha na planaichean am pròiseact a thoirt gu buil.
3. Buaidh a' phròiseict air ur n-obair.

Measar iarrtasan freagarrach le Oifigearan Alba Chruthachail. Stèidhichear measadh air an fhiosrachadh a chuirear thugainn anns an fhoirm tagraighean, a' gabhail buidseit a-steach. Cha chuir sinn fios thugaibh rè a' phròiseis measaidh ach ma tha barrachd soillearachaидh a dhìth a thaobh an fhiosrachaidh a chuireadh thugainn.

# Dè na ceistean a chuireas sinn air an fhoirm tagraidh?

San tagradh, faighnichidh sinn na leanas:

## Mur deidhinn

Innis dhuinn mur deidhinn no mur buidhinn (mu 200 falal)

## Dè tha sibh son a dhèanamh?

Dè tha sibh son a dhèanamh is carson? (mu 300 falal) San fhreagairt, tha sinn airson gun innsear dhuinn:

- dè nì sibh
- carson a thathas ag iarraidh am pròiseact no an gnìomh seo a dhèanamh
- dè bhios na lùib

## Dè tha sibh son a choileanadh?

Dè tha sibh son a choileanadh tron pròiseact no an gnìomh seo? (mu 300 falal)

Innsibh dhuinn mu dheidhinn:

- na tha sibh son a choileanadh tron pròiseact no an gnìomh seo
- ciamar a chuidicheas seo sibh nur n-obair san àm ri teachd
- ciamar a bhios fios agaibh gu bheileas air soirbheachadh san nì a chuir sibh romhaibh a choileanadh

## Ciamar a nì sibh e?

Ciamar a nì sibh an gnìomh agaibh? (mu 300 falal) Innsibh dhuinn mu dheidhinn:

- dè na rinneadh de phlanadh gu ruige seo (ma rinneadh càil idir)
- ciamar a nithear na h-earrainean eadar-dhealaichte den ghnìomh
- ciamar a dh'innseas sibh dha càch mun phròiseact no gnìomh agaibh

## Cò chòrr a tha na lùib?

A bheil daoine eile an sàs sa ghnìomh agaibh? Mar eisimpleir, luchd-ealain eile, com-pàrtichean no luchd-co-oibrache. Ma tha, innsibh dhuinn cò eile a tha na lùib, is ciamar.

## Dè dh'fhaodadh a bhith dulich a dhèanamh?

Innsibh mu na dùblain a dh'fhaodadh a bhith romhaibh sa phròiseact is ciamar a nithear a' chùis orra (mu 200 falal)

Innsibh dhuinn mu dheidhinn:

- dè na duilgheadasan a dh'fhaodadh sibh coinneachadh
- dè nì sibh gus a' chùis a dhèanamh orra

## Caitheamh airgid

Ciamar a dh'oibrich sibh na cosgaisean nur buidseat a-mach? (mu 200 falal)

## Stuthan Taice

Bheir sinn cothrom dhuibh stuthan buntainneach taice a chur thugainn an cois an tagraidh agaibh.

Tha seo an urra ribh fhèin. Do dhaoine fa leth, bhiodh e a' gabhail a-steach an leithid:

- Cunntas-beatha, dhuibh fhèin is do chàch a tha an sàs ann.
- Eisimpleirean den obair agaibh.
- Ceanglaichean eadar-lòn dha eisimpleirean obrach.
- Stuthan eile.

Do bhuidhnean, bhiodh na stuthan gu h-àird feumail cuideachd. Ach a thuilleadh air an sin, feumar na leanas a chur thugainn:

- Lethbhreac den Phoileasaidh Co-Ionannachd Chothroman agaibh (Deatamach)

## Buidseat Phròiseict:

Thoir buidseat phròiseict seachad. Faodaidh seo a bhith san dòigh a thaghlas sibh fhèin (m.e. clàr Word, PDF, cunntas Excel). Gabhaidh seo a chur thugainn an cois na bileig tagraidh air loidhne againn. Bu chòir dhan bhuidseat agaibh na cosgaisean gu lèir son ur gniomh a ghabhail a-steach.

**Chan fheumar airgead à stòras sam bith eile a bhith an cois an stòrais seo agus cha bhuin sinn dhuibh nas fialaidh ma chuireas sibh airgead eile na chois.** Ma tha airgead a bharrachd agaibh à stòrasan eile, faodar am fiosrachadh a chur a-steach sa chlàr teachd-a-steach sam foirm tagraidh.

Dèanaibh cinnteach gun do ghabh sibh feart is gun do ghabh sibh a-steach cosgaisean ruigsinneachd, a rèir feuma. Bruidhnibh rinn ma tha taic sam bith a dhùth oirbh gus obrachadh a-mach dè a tha seo a' gabhail a-steach.

Faodar cosgaisean càrach-cloinne a ghabhail a-steach cuideachd, far nach eil coltas ann gun coileanadh tagraichean an gniomhan leasachaидh gun an taic seo. Bithibh mothachail gum measar cosgaisean càrach-cloinne mar sochair air an cuirear cisean, is ged a bheir Alba Chruthachail na cosgaisean sin seachad, bidh e an urra ribhse seo aithris do HMRC.

Ma bhios sibh ag obair còmhla ri daoine eile sa phròiseact seo, dh'iarramaid oirbh sùil gheur a thoirt air na thathas a' pàigheadh dha na daoine a tha an sàs ann a bhith a' libhrigeadh a' phròiseict agaibh. Tha e na rùn aig Alba Chruthachail a bhith a' dèanamh cinnteach gun tèid luchd-ealaín a phàigheadh aig ìre iomchaidh airson an cuid obrach is tide ann an gniomh sam bith a gheibh taic bhuainn. Mar sin, tha sinn airson 's gum bi iarrtasan a' toirt iomradh air slatan-tomhais buntainneach a' ghnìomhachais air ìrean pàighidh, leithid Aonadh an Luchd-ciùil, Aonadh Luchd-sgrìobhaidh na h-Alba, EQUITY, BECTU na am Writers Guild. Dheasach sinn stiùireadh mu ìrean pàighidh a gheibhear air làrach-lìn **Alba Chruthachail**.

# Ciamar a nithear co-dhùnadh agus cò dha a thathas a' sùileachadh taic a thoirt?

Nì buidheann de luchd-obrach Alba Chruthachail còmhla ri feedhainn eile le eòlas proifeiseata earbsach agus eòlas ann an gniomhan co-ionannachd is farsaingeachd anns na h-ealain is gniomhachasan cruthachail na co-dhùnaidhean. Fastar na buill bhon taobh a-muigh sin le gairm fhosgailte agus gheibhean tuilleadh fiosrachaiddh mun seo air làrach Alba Chruthachail.

Tha am maoin seo ann gus am bi barrachd iomadachd am measg muinntir nan ealain is gniomhachasan cruthachail.

Measaидh a' bhuidheann airidheachd gach tagraigdh fa leth agus neart gach tagraigdh an coimeas ris an fheadhainn eile.

Thathas airson taic a chur ri pròiseactan à farsaingeachd raointean is céarnaidean a-mach à buidsean cuingichte.

## Clàr-ama:

Stòras Cruthaich Ion-ghabhail ga chur air dòigh: **7 Dùblachd 2021**

Ceann-là nan tagradh Meadhan-là: **16 Gearran 2022**

Cuin a chluinnear an co-dhùnadh agaibh: **Deireadh a' Chèitein 2022**

## Ais-mholadh

Bidh beachdan is moladh ga thabhairn do gach tagraiche mun tagradh aca aon uair is gun innsear na co-dhùnaidhean. Bidh fiosrachadh mun seo an lùib a' phuist-d a chuireas sinn thugaibh leis a' cho-dhùnadh agaibh.

## Mar a nithear tagradh

Nithear tagradah son Cruthaich Ion-ghabhail tro phortal air loidhne Alba Chruthachail. Gheibhean seo aig làrach-lìn Alba Chruthachail:

[my.creativescotland.com/login](https://my.creativescotland.com/login)

Mura h-eil sibh comasach cothrom fhaighinn air an eadar-lòn gus tagradh a dhèanamh, no ma dh'fheumar taic a bharrachd leis an tagradh tron phortal air loidhne, cuiribh fios thugainn leis an fiosrachadh air Taobh-duilleig 10 den stiùireadh seo.

Gus an tagradh a dhèanamh, feumar cunntas a chruthachadh an toiseach. Bhon chunntas, bidh comas ann obrachadh air dreach den iarrtas air loidhne, a shàbhaladh mar a thathas a' dol air adhart agus a thighinn air ais thuige mus cuirear a-steach e.

Feumar de thagraidhean a thighinn a-steach ro **mheadhan-là air 16 den Gearran 2022**.

# A bheil barrachd taic a dhìth oirbh gus an iarrtas agaibh a dhèanamh?

Tha e na rùn aig Alba Chruthachail gum bi pròiseasan tagraidh ann a tha soilleir is ruigsinneach agus gum bi prògraman againn a tha fosgailte do na h-uile.

## Cruthan Eile:

Sgaoilidh sinn am fiosrachadh seo ann an sreach de riochdan so-ruigsinneach, a gheibhear air làrach-lìn Alba Chruthachail. Thigibh gu [www.creativescotland.com/createinclusion](http://www.creativescotland.com/createinclusion) gus am faighear iad. Leigibh fios thugainn ma dh'fheumas sibh am fiosrachadh seo ann an riochdan eile, leithid eadar-theangachaidh.

## A bheil barrachd taic a dhìth oirbh a thaobh a dhèanamh an iarrtais agaibh?

Tha sinn a' tairgsinn taic ruigsinneachd do dhaoine air a bheil ciorram, a tha a rèir feumalachdan gach neach a nì iarrtas. Tha taic a' gabhail a-steach Eadar-mhìneachairean Cànan Soidhnidh airson coinneamhan agus taic le sgrìobhadh airson daoine air a bheil dyslexia. Is urrainn do dh'oifigearan comhairle a thoirt do thagraichean ùra agus taic a thoirt dhaibh gus tagraighean a dhèanamh. Is urrainn do Sgioba na Co-ionannachd taic fa leth a thoirt do dhaoine aig a bheil feumalachdan ruigsinneachd. Thoir an aire gun gabh sinn ri tagraighean agus stuthan taic a tha sgrìobhte anns a' Bheurla, sa Ghàidhlig no sa Bheurla Ghallda.

## Coinneamhan comhairle ro-thagraidh 1-gu-1

Eadar an Dùblachd is an Gearran bidh an cothrom ann coinneachadh 1-ri-1 le cuideigin air an sgioba EDI againn mus cuir sibh an tagradh agaibh a-steach gus bruidhinn mu na beachdan agaibh. Ma thathas son cur a-steach son tè de na coinneamhan sin, leigibh fios thugainn.

## Ceistean Coitcheann is Teicnigeach:

Ma tha ceistean coitcheann sam bith agaibh mun phròiseas iarrtais, Stiùireadh no Foirm Tagraighean, a' gabhail a-steach ceistean teicnigeach sam bith mun phròiseas iarrtais air loidhne againn, nach cuir sibh fios gun Bhuidhinn Fiosrachaideagainn. Bheir iadsan comhairle dhuibh no cuiridh iad ceangal air dòigh le neach de na h-oifigich againn.

Post-d: [enquiries@creativescotland.com](mailto:enquiries@creativescotland.com)

Làrach-lìn: Faodaidh sibh fios a chur thugainn tro [làrach-lìn Alba Chruthachail](#)

Twitter: Cuiribh fios thugainn [@creativescots](#)

Facebook: Tha sinn aig [www.facebook.com/CreativeScotland](https://www.facebook.com/CreativeScotland)

Ma tha sibh B/bodhar agus nur cleachdaiche BSL, faodar cothrom fhaighinn air na seirbheisean tron phrògram Contact Scotland-BSL. Rachaibh gu: [contactscotland-bsl.org/deaf-bsl-users](mailto:contactscotland-bsl.org/deaf-bsl-users) airson barrachd fiosrachaideagainn.

---

## Dion Dàta:

Feumaidh Alba Chruthachail beagan fiosrachaидh pearsanta mur dheidhinn/mu dheidhinn ur buidhne gus beachdachadh air an iarrtas agaibh airson maoineachaidh. As aonais an fhiosrachaидh cha тèid aig Alba Chruthachail air an t-iarrtas a thoirt air adhart.

Ma thathas airson tuairisgeul fhaicinn air an fhiosrachadh phearsanta a tha a dhìth air Alba Chruthachail, carson a tha e a dhìth, dè nì Alba Chruthachail leis an fhiosrachadh sin agus dè cho fad 's a chumas Alba Chruthachail e, tha Brath Prìobhaideachd Alba Chruthachail ri fhaighinn air loidhn aig

[www.creativescotland.com/privacy-policy](http://www.creativescotland.com/privacy-policy)

Dh'fhaodte gun co-roinn Alba Chruthachail an dàta pearsanta agaibh le treas pàrtaidhean airson gèilleadh ris an lagh agus / no airson leas iomchaidh Alba Chruthachail agus / no treas pàrtaidhean a tha an sàs sa chùis.

Far a bheil am fiosrachadh pearsanta a thugadh dha Alba Chruthachail a' buntainn ri daoine (luchd) fa leth eile, thoiribh iomradh air a' Bhrath Phriobhaideachd aig Alba Chruthachail. Dèanaibh cinnteach an Sanas Prìobhaideachd seo agus am Brath Prìobhaideachd aig Alba Chruthachail a chorrionn leis an duine/na daoine seo.

Tha còraichean agaibh a thaobh an fhiosrachaидh phearsanta a th' aig Alba Chruthachail mur deidhinn fo lagh dion dàta. Tha fiosrachadh air mar a chleachdar na còraichean seo ann am Poileasaидh Prìobhaideachd Alba Chruthachail no faodar fios a chur dhan Oifigear Dion Dàta aig Alba Chruthachail.

Ma tha dragh sam bith oirbh a thaobh mar a làimhsich Alba Chruthachail an dàta pearsanta agaibh, bu chòir fios a chur dhan Oifigear Dion Dàta aig Alba Chruthachail sa chiad dol a-mach, oir bu toigh le Alba Chruthachail cothrom a bhith aca obrachadh còmhla ribh gus gearan sam bith fhuasgladh. Ma thathas fhathast mi-riaraichte, faodar gearan a chur gu Oifis Coimiseanair an Fhiosrachaидh.

Alba Chruthachail  
Geata Waverley  
2-4 Rathad Bhatarlù  
Dùn Èideann  
EH1 3EG RA

Alba Chruthachail  
An Taigh-solais  
Caolshràid Mitchell  
Glaschu  
G1 3NU RA

[www.albahruthachail.com](http://www.albahruthachail.com)  
[enquiries@albahruthachail.com](mailto:enquiries@albahruthachail.com)

An Dùblachd 2021



ALBA | CHRUTHACHAIL